

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



\*Please scroll down for English Version\*

## Fios Naidheachd

22 Gearran 2011

### BÒRD NA GÀIDHLIG AG AINMEACHADH TRIÙIR BHALL ÙRA

An-diugh, dh'ainmich Fiona Hyslop, Ministear a' Chultair agus Chùisean Taoibh A-Muigh, gun deach triùir bhall ùra a chur an dreuchd, gun deach leudachadh air dreuchd aon bhall agus triùir bhall eile ath-fhastadh gun dàrna teirm, aig Bòrd na Gàidhlig.

Is iad na buill ùra:

Tha **Ealasaid (Betty) Nic an t-Saoir** fileanta ann an Gàidhlig agus chaidh a togail air Eilean Bharraigh. Leig i dhith a dreuchd mar bhall air Bòrd-stiùiridh Colaisde a' Chaisteil sa Ghiblean 2010 an dèidh ochd bliadhna a fhrithealadh air a' Bhòrd, leis na dhà mu dheireadh mar Chathraiche. Bha i cuideachd a' riochdachadh na Colaisde mar riaghladair air Bòrd-stiùiridh Institiùd nam Mile Bliadhna aig Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Roimhe sin, bha i a' frithealadh Bòrd-stiùiridh NHS nan Eilean Siar airson 10 bliadhna, le pàirt den ùine sin mar Chathraiche. Tha i a' toirt fiosrachadh agus eòlas luachmhor mu planadh ro-innleachdail agus leasachadh riaghlaidh chun a' Bhùird.

Tha **Iain Caimbeul** à Uibhist a Deas agus tha e fileanta sa Ghàidhlig. 'S e an Àrd-Mhanaidsear Pròiseict aig Soillse, pròiseact rannsachaidh seachd-bliadhna de luach £5.29 millean a tha a' cuimseachadh air poileasaidh poblach co-cheangailte ri cumail suas agus ath-bheothachadh na Gàidhlig agus a cultar, ann an co-bhonn ri Institiùd nam Mile Bliadhna aig Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus Oilthighean Obar Dheathain, Dhùn Èideann agus Ghlaschu. Tha mòran eòlais aige mar àrd-mhanaidsear agus mar rannsaiche le Ceuman Maighstireach ann an Eacnomachd Roinneil, Rianachd Gnothachais agus Leasachadh

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



Dùthchail a thuilleadh air BSc le Urram ann an Goireasan Dùthchail. Tha eòlas ann an doimhneachd aige air ath-bheothachadh agus modhan-obrachaidh cànan na Gàidhlig.

Tha **Iain MacLeod** fileanta sa Ghàidhlig agus tha e à Eilean Leòdhais, ach tha e air a bhith a' còmhnaidh ann an Dùn Èideann bho 1970. An dèidh dha a dhreuchd air a' phoileas a leigil dheth san Dùblachd 2000, thàinig e gu bhith nas gnìomhaiche an lùib na Gàidhlig, agus ann an leasachaidhean foghlaim agus cultair gu h-ionadail agus gu nàiseanta, a' leantainn air adhart gu bhith na Neach-gairm air Comann nam Pàrant (Nàiseanta), na bhall de Bhòrd-stiùiridh Chomunn na Gàidhlig, agus sna beagan bhliadhnaichean a chaidh seachad, mar Cheann-suidhe a' Chomuinn Ghàidhealaich. Tha e air sgilean eadar-theangachaidh èifeachdach sgrìobhte agus labhairteach a leasachadh agus tha e air a bhith gnìomhach ann an cur taic ri diofar leasachaidhean Gàidhlig ann an coimhairsnachd Dhùn Èideann. Tha e a' toirt leis sgilean èifeachdach ceannardais, ro-innleachd agus co-dhùnaidh chun a' Bhùird, a thuilleadh air fiosrachadh earbsach mu fheumalachdan coimhairsnachd.

Mairidh na dreuchdan sin trì bliadhna, a' ruith bho 1 Màirt 2011 gu 28 Gearran 2014.


Chan eil dreuchdan poblach sam bith eile aig a' Bh-ph Nic an t-Saoir, Mgr Caimbeul agus Mgr MacLeod.

Tha an **leudachadh air dreuchd** don Ollamh Rob Dunbar.

Tha **An t-Ollamh Rob Dunbar** na Àrd-ollamh Rannsachaидh aig Institiùd nam Mìle Bliadhna OGE, stèidhichte ann an Sabhal Mòr Ostaig far a bheil e cuideachd na Stiùiriche air a' phròiseact rannsachaидh 'Soillse'. Tha e mar aon de na h-eòlaichean as cliùitiche air an t-saoghal a thaobh lagh agus poileasaidh co-cheangailte ri mion-chànanan. Tha e air buidhnean eadar-nàiseanta, riaghaltasan agus NGOan a chomhairleachadh mu raon de chùisean poileasaidh cànan, agus tha e na eòlaiche aig Comhairle na h-Eòrpa air a leithid sin de chùisean. À Canada bho dhùthchas, tha e fileanta sa Ghàidhlig.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



Bidh an dreuchd leudaichte seo a' ruith bho 13 Gearran 2011 gu 12 Gearran 2012.

Tha an t-Ollamh Dunbar na Bhall de Bhòrd-stìùiridh Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (MG ALBA). Tha an t-Ollamh Dunbar a' faotainn pàigheadh de £4980 sa bhliadhna a thaobh na dreuchd seo.

Is iad na **buill ath-fastaichte**:

Tha an **t-Ollamh Coinneach MacFhionghain** air a dhà dheug prìomh sgrùdadadh rannsachaidh a ghabhail os làimh bho thràth sna 1970an, anns na coimhearsnachdan Gàidhlig, gu h-ionadail agus gu nàiseanta (agus ann an Alba Nuadh). Tha e air a bhith na stiùiriche air iomadach sgrùdadadh rannsachaidh ann an coimhearsnachdan mhion-chànan eile, agus air anailis staitistigeach a dhèanamh air luchd-labhairt na Gàidhlig thar nan cunntais-sluaigh mu dheireadh.


Bha a chuid sgoilearachd bho thùs co-cheangailte ri eaconamachd, eòlas sòisealtais agus oideachas, le dreuchd-beatha ann am foghlam àrd-sgoile, foghlam adhartach agus foghlam aig àrd-ìre. Gu làithreach, tha dreuchdan proifeiseanta aige ann an Oilthighean Obar Dheathain agus Siorrachd Hertford, agus tha e air a bhith na cho-òraidiche fad-ùine ann an Saidheansan Sòisealta, Foghlam agus Sgrùdaidhean Càinain don Oilthigh Phosgailte.

Eadar 1976-2006, bha e ag eagrachadh chùrsaichean còmhnaidheach deireadh-seachdaineach do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, agus bha e na bhall de na buidhnean leasachaidh a stèidhich Sabhal Mòr Ostaig agus an t-aonad rannsachaidh, Lèirsinn.

Tha e air a bhith an sàs ann an leasachadh agus planadh na Gàidhlig mar bhall de Bhuidheann Comhairleachaidh Ministrealach na Gàidhlig (MAGOG) eadar 2000 – 2002, agus mar bhall de bhòrd-stìùiridh Bòrd na Gàidhlig eadar 2004 – 2006, agus a-rithist bho 2008.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



Tha e air a bhith na bhall de bhòrd-stiùiridh MG Alba bho 2008. Tha e air co-chomhairle a sholarachadh do Chomunn na Gàidhlig, agus do Phròiseact Plana Cànan nan Eilean Siar bho 2002.

Tha an t-Ollamh MacPhionghain a' toirt eòlas gun choimeas mu leasachadh na Gàidhlig agus planadh cànan chun a' Bhùird. Bidh seo na bhuannachd shònraichte don Bhòrd ann an dèanamh analis air na toraidhean a thig bho Chunntas-sluaigh 2011.

**Tha Cairistìona Allon** dealasach a thaobh a cuid eòlais agus a sgilean a chur an cèill ann an cuideachadh Bòrd na Gàidhlig san amas a dh'ionnsaigh meudachadh air an àireamh a tha a' labhairt agus a' cleachdadadh na Gàidhlig.

Leig i dhith a dreuchd ann an 2007 mar Stiùiriche Dhreuchdan-beatha Alba ann an sgìre Iomairt Alba, agus tha i gu làithreach na Stiùiriche Neo-ghniomhach aig Riaghaltas na h-Alba.

Tha eòlas thar 30 bliadhna aice ann an aiseag poileasaidh Riaghaltais gu cleachdadadh obrachail; ann an conaltradh le measgachadh farsaing de luchd-earrainn nàiseanta agus ionadail; ann an riaghladh, agus ann an cùisean co-cheangailte ri stiùireadh cunnairt agus coileanaidh an taobh a-staigh na roinne phoblaich.

Tha i a' toirt eòlas fior fharsaing chun a' Bhùird ann an ceannardas air prìomh phròiseactan iomadh-fhillte mu atharrachadh stiùiridh, a' gabhail a-steach coimeasg air 60+ de bhuidhnean gu bhith nan aon bhuidheann singilte nàiseanta, agus ann an toirt fuasglaidhean bun-structair ICT gu buil.

Tha eòlas aig **Murchadh MacIlinnein** ann am buidhnean poblach aig ìrean àrd-stiùiridh agus ann an dreuchdan stiùiriche-ghniomha, a thug dha an cothrom a chuid sgilean a chur an cèill ann an raointean a thaobh riaghladh, stiùireadh ionmhasail agus sgrùdadadh. Tha e air a bhith mar Chathraiche air Comataidh Sgrùdaidh Bhòrd na Gàidhlig airson 3 bliadhna. Tha e air luchd-obrach a chuideachadh ann an adhartachadh poileasaidhean agus prògraman a'

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Bhùird an lùib bhuidhnean coimhairsnachd, a' gabhail a-steach a' choimhairsnachd croitearachd.

Bidh na dreuchdan sin a' ruith airson trì bliadhna, bho 7 Faoilleach 2011 gu 6 Faoilleach 2014.

Tha an t-Ollamh MacFhionghain air bòrd-stiùiridh Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (MG ALBA) agus tha e na bhall den Chomataidh Stiùiridh airson Cunntas-sluaigh na h-Alba. Tha an t-Oll MacFhionghain a' faotainn pàigheadh de £7440 sa bhliadhna a thaobh na dreuchd seo. Chan eil dreuchdan poblach sam bith eile aig a' Bh-uas Allon agus Mgr MacLlinnein.

Tha na dreuchdan gu h-àrd uile pàirt-ùine agus a' tarraing pàigheadh de £6,200 mu choinneamh gealltanais de thrì latha frithealaidh sa mhìos.

Chuir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 Bòrd na Gàidhlig air bhonn mar a' bhuidheann nàiseanta le uallach airson cànan, cultar agus foghlam na Gàidhlig adhartachadh ann an Alba. Tha a dhleastanasan reachdail a' gabhail a-steach liubhairt air plana nàiseanta don Ghàidhlig agus a bhith ag obair le buidhnean poblach ann an leasachadh phlanaichean ionadail Gàidhlig. Tha am Bòrd a' solarachadh ceannardas, iùl agus stiùireadh don bhuidheann phoblach agus a' cur air adhart a phrìomh luachan, poileasaidhean agus cinn-uidhe. Tha Bòrd na Gàidhlig stèidhichte ann an oifisean ann an Inbhir Nis.

Chaidh na dreuchdan poblach Ministrealach seo a chur an cèill a rèir Còd Cleachdaidh Coimiseanair Dhreuchdan Poblach na h-Alba.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Tha na dreuchdan uile gan cur air bhonn tro airidheachd agus chan eil pàirt sam bith aig eòlas poilitigeach sa phròiseas taghaidh. Ach, ann an co-chòrdadh ri molaidean tùsail Nolan, tha e riatanach gum bi gnìomhan poilitigeach an taobh a-staigh nan còig bliadhna mu dheireadh, a thaobh nam feadhainn a chaidh a chur an dreuchd, air am foillseachadh don phoball (ma tha gin sam bith ann). Chan eil neach sam bith den luchd-dreuchd gu h-àrd air gnìomhachd poilitigeach sam bith a thoirt am follais a thaobh nan còig bliadhna mu dheireadh.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



## News Release

22 February 2011

### MEMBERS APPOINTED TO BÒRD NA GÀIDHLIG

Fiona Hyslop, Minister for Culture and External Affairs, today announced the appointment of three new members, an extension of appointment for one member and the re-appointment to a second term for three members to Bòrd na Gàidhlig.

The **new members** are:

**Elizabeth (Betty) McAtear** is a native Gaelic speaker and was brought up on the Isle of Barra. She retired from the Board of Lews Castle College in April 2010 after serving eight years on the Board, the last two as Chairman. She also represented the College as a governor on the Board of the University of the Highlands and Islands Millennium Institute. Previously, she served on the NHS Western Isles Board for 10 years, part of that time as Chair. She brings valuable knowledge of strategic planning and experience of development of governance to the Bòrd.

**Iain Campbell** is a fluent Gaelic speaker from South Uist.

He is the Senior Project Manager of Soillse, a seven year £5.29 million research project focussing on public policy toward the maintenance and revitalisation of Gaelic language and culture and involving the University of the Highlands and Islands Millennium Institute and the Universities of Aberdeen, Edinburgh and Glasgow. He is an experienced senior manager and researcher with Masters Degrees in Regional Economics, Business Administration and Rural Development and a BSc with Distinction in Rural Resources. He has a deep knowledge of Gaelic language revitalisation and processes.

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**John Macleod** is a native Gaelic speaker from the Isle of Lewis who has been resident in Edinburgh since 1970. After retiring from a police career in December 2000, he became more actively involved in Gaelic language, educational and cultural developments locally and nationally, becoming Convener of Comann nam Pàrant (Nàiseanta), a Board member of Comunn na Gàidhlig, and, in recent years, President of An Comunn Gàidhealach. He has developed effective translation/interpretation skills and has been an active community contributor to numerous Gaelic developments in Edinburgh. He brings leadership, strategic and effective decision-making skills to the Bòrd along with a sound knowledge of community needs.

These appointments will be for three years and will run from March 1, 2011 to February 28, 2014.

Mrs McAtear, Mr Campbell and Mr Macleod do not hold any other public appointments.

The **extension of appointment** is for Professor Rob Dunbar

**Professor Rob Dunbar** is a Senior Research Professor at UHI Millennium Institute based at Sabhal Mòr Ostaig where he is also Director of the 'Soillse' research project. He is one of the world's foremost experts on law and policy relating to minority languages. He has advised international organisations, governments and NGOs on a range of language policy issues, and he is an expert of the Council of Europe on such matters. A native of Canada, he is a fluent Gaelic speaker.

This extended appointment will run from 13 February 2011 to 12 February 2012.

Professor Dunbar is a Board Member with Seirbhis nam Meadhanan Gaidhlig (MG ALBA). Professor Dunbar receives remuneration at the rate of £4980 per annum in relation to this appointment.

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



The **re-appointed members** are:

**Professor Kenneth MacKinnon** has, since the early 1970s, undertaken twelve major research studies into Gaelic communities, locally and nationally (and in Nova Scotia.) He has supervised numerous research studies into other minority speech-communities, and has undertaken demographic analysis of Gaelic speakers over recent censuses.

His original academic background is in economics, sociology and education, with a career in secondary, further and higher education. He currently holds professorial appointments at the Universities of Aberdeen and Hertfordshire, and is a long-standing associate lecturer of the Open University in Social Sciences, Education and Language Studies.

Between 1976-2006 he organised weekend residential courses for Gaelic learners, and was a member of development groups which established Sabhal Mòr Ostaig and its research unit Lèirsinn.

He has been involved in Gaelic language development and planning as a member of the Ministerial Advisory Group on Gaelic (MAGOG) between 2000 – 2002, and as a board member of Bòrd na Gàidhlig between 2004 – 2006, and again from 2008. Since 2008 he has been a board member of MG Alba. He has provided consultancy to Comunn na Gàidhlig, and to the Western Isles Language Plan Project from 2002.

Professor McKinnon brings a unique knowledge of Gaelic language development and planning to the Bòrd. This will be of particular benefit to the Bòrd in analysing the results that come from Census 2011.

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



**Christina Allon** is committed to applying her experience and skills to assist Bòrd na Gàidhlig in its mission of increasing the number of people who speak and use the Gaelic language.

She retired from her role as Director of Careers Scotland in the Scottish Enterprise area in 2007 and is currently a Non Executive Director with the Scottish Government.

She has 30 years experience of translating Government policy into operation practice; of engaging with a wide variety of national and local stakeholders; and of governance, risk and performance management issues within the public sector.

She brings extensive experience of leading major and complex change management projects, including the merger of 60+ organisations into a new single national entity, and the implementation of ICT infrastructure solutions.

**Murdo MacLennan** has experience on public bodies at both senior management and executive directorships which has enabled him to exercise skills in relation to the areas of governance, financial management and audit. He has been the Chair of Bòrd na Gàidhlig's Audit Committee for 3 years. He has assisted staff in advancing the Bòrd's policies and programmes with community organisations including the crofting community.

These appointments will be for three years and will run from 7 January 2011 to 6 January 2014.

Professor MacKinnon is a board member of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (MG ALBA) and is a committee member of the Steering Committee for Scotland's Census. Professor MacKinnon receives remuneration at the rate of £7440 per annum in relation to this appointment. Ms Allon and Mr MacLennan do not hold any other public appointments.

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



All of the above appointments are part-time and attract a remuneration of £6,200 for a time commitment of three days per month.

The Gaelic Language (Scotland) Act 2005 established Bòrd na Gàidhlig as the national body responsible for promoting the Gaelic language, culture and education in Scotland. Its statutory duties include the delivery of a national language plan for Gaelic and working with public bodies on the development of local Gaelic language plans. The Board provides leadership, direction and guidance for the public body and promotes its core values, policies and objectives. Bòrd na Gàidhlig is based in offices in Inverness.

These Ministerial public appointments were made in accordance with the Commissioner for Public Appointments in Scotland's Code of Practice.

All appointments are made on merit and political activity plays no part in the selection process. However, in accordance with the original Nolan recommendations, there is a requirement for appointees' political activity within the last five years (if there is any to be declared) to be made public. None of the above appointees have declared any political activity within the last five years.